



Baraidh Bèicear Mòr ann an trioblaid



Gill agus Paul Hamlyn • Philippe Dupasquier

SANDBANK PR.
SANDBANK

Baraidh Bèicear Mòr ann an trioblaid



An teacsá Gill agus Paul Hamlyn
Na dealbhan Philippe Dupasquier
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR

Caibideil 1

Latha bha siud bha Baraidh Mòr agus a thriùir charaidean, Iòsaïdh, Ealasaïdh agus Ruairidh ann an raon-cluiche na sgoile. Bha iad a' bruidhinn mum màthraighean agus an athraighean.




2


“S e post a tha nam athair-sa,”
ars Ealasaïdh.
“Bidh e a' falbh
le tòrr litrighean
na mhàileid.”



“S e tidsear a tha
nam mhàthair-sa,”
arsa Ruairidh.
“Tha i ag obair ann
an sgoil mhòr faisg
oirnn.”



“S e peantair a tha
nam athair-sa,”
arsa Iòsaïdh.
“Tha bhan mhòr aige
le àradh air a
mullach.”



3



“Ud,” arsa Baraidh, “chan fhiach sin.
’S e poileas a tha nam mhàthair-sa.
Feumaidh i falbh a-mach air an oidhche
agus mèirlich a ghlacadh.”
“Ò, chan e,” ars Iòsaidh, Ealasaid agus
Ruairidh.
“Chan eil sinne gad chreidsinn.”

Dh’fhàs Baraidh Mòr fiadhaich.
“S e poileas a tha nam mhàthair-sa,”
thuirt e.
“Agus ’s e fear-smàlaidh a tha nam athair.”
“Agus cuiridh mi geall gur e dràibhear
ambaileans a tha nad bhràthair!”
ars Ealasaid. Thòisich Iòsaidh agus
Ruairidh a’ gàireachdainn. Rinn sin Baraidh
Mòr uabhasach fiadhaich. Phut e a
charaidean a-mach às an rathad agus
dh’fhalbh e.






Shuidh Baraidh Mòr leis fhèin. Bha e a' faicinn a charaidean uile a' bruidhinn mu dheidhinn agus a' gàireachdainn. Bha deòir na shùilean, agus theab e töiseachadh a' rànaich.

Caibideil 2

Anns a' chlasrum thuirt an tidsear,
Mqr MacIlleDhuinn, "An-diugh bidh sinn
a' còmhradh mu dhaoine bhios gar
cuideachadh. An aithne do dhuine an seo
cuideigin a bhios gar cuideachadh?"
Chuir a' chlann suas an làmhan.



“Bidh am poileas gar cuideachadh,”
ars Ealasaid.

“Bithidh,” arsa Mgr MacIlleDhuinn.

“Ciamar a-nis a bhios am poileas gar
cuideachadh?”

Chuir a' chlann suas an làmhan a-rithist.



“Bidh iad gar
cuideachadh a' dol
tarsainn an rathaid,”
arsa Ruairidh.



“Bidh iad a' stad
chàraichean a tha
a' dol ro luath,”
arsa Iòsaidh.



“Agus bidh iad
a' glacadh mhèirleach,”
ars Ealasaid.



Leum Baraidh Mòr suas an uair sin.

“S e bana-phoileas a tha nam
mhàthair-sa,” thuirt e.

Thionndaidh a' chlann uile mu chuairt
agus choimhead iad air.

“Chan e,” dh'èigh iad uile.

“Suidh sìos, a Bharaidh,” thuirt
Mgr MacIlleDhuinn.

Shuidh Baraidh sìos an uair sin.

“Nis,” arsa Mgr MacIlleDhuinn, “an aithne dhuibh daoine eile a bhios gar cuideachadh?”
Chuir Ruairidh suas a làmh.

“Bidh smàladairean gar cuideachadh,”
thuirt e.

“Bithidh,” arsa Mgr MacIlleDhuinn.
“An innis sibh dhomh ciamar a bhios smàladairean gar cuideachadh?”
Chuir a’ chlann suas an làmhan.
“Bidh iad a’ smàladh theintean,”
thuirt Iòsaidh.



A-rithist leum Baraidh Mòr air a chasan.

“S e smàladair tha nam athair-sa,” thuirt e.
Thionndaidh a’ chlann uile mu chuairt agus choimhead iad air.

“Chan e,” thuirt iad uile.

“Suidh sìos, a Bharaidh,” arsa
Mgr MacIlleDhuinn.


Shuidh Baraidh sìos an uair sin.

Ach cha robh Baraidh Mòr airson stad aig a sin.
Chuir e suas a làmh. "Seadh, a Bharaidh,"
arsa Mgr MacIlleDhuinn.

"S e bana-phoileas a tha nam mhàthair-sa,"
thuirt Baraidh.

"Nam bualadh sinn an clag-teine thigeadh i
chun na sgoile ann an càr poilis gar
cuideachadh."

Thòisich a' chlann eile a' gàireachdainn,
ach thuirt Baraidh, "S e smàladair a tha
nam athair. Nam bualadh sinn an clag-
teine thigeadh e chun na sgoile anns an
einnsean-smàlaidh gar cuideachadh."
Rinn a' chlann eile lasgain mhòr gàire
a-rithist. Dh'fhàs aodann Bharaidh
dearg.



“Tapadh leat, a Bharaidh,” arsa
Mgr MacIlleDhuinn.
“Nis, bithibh uile sàmhach.”
Bha Baraidh Mòr uabhasach fiadhaich.
Bha fios aige nach robh duine ga chreidsinn.
“Seallaidh mise dhaibh,” thuirt e ris fhèin.



Caibideil 3

Aig àm cluiche chaidh a' chlann uile
a-mach a chluich dhan raon-cluiche.
Cha robh fios aig Iòsaidh, Ealasaid
agus Ruairidh càit an robh Baraidh.
“Saoil càit a bheil Baraidh?”
arsa Ruairidh.





Bha iad gus tòiseachadh a' coimhead air a shon, nuair a chuala iad clagan-teine na sgoile. Bha a h-uile duine a' cluinntinn nan clagan air feadh na sgoile.



Chuir clagan-teine na sgoile dheth
clag-èiginn ann an stèisean nam poileas.



Cho luath 's a chuala iad an clag, dh'fhàg càr poilis an stèisean, agus thàinig e nuas an rathad aig astar.



Chuir clagan na sgoile dheth clag anns
an stèisean-smàlaidh cuideachd.



Cho luath 's a chuala iad an clag, dh'fhàg
einnsean-smàlaidh an stèisean agus thàinig e
aig fìor astar.

Mun àm sin bha na tidsearan agus
a' chlann uile a-muigh san raon-chluiche.
Ruith Baraidh Mòr a-null thuca le gàire
air aodann. "Siud thu, a Bharaidh," arsa
Iòsaidh, Ealasaid agus Ruairidh.
"Càit an robh thu?"

"Cha robh an àit'," arsa Baraidh Mòr.



Sa mhionaid sin stad càr poilis aig an sgoil
agus leum bana-phoileas a-mach.

“Seall!” ars a’ chlann.

“S e màthair Bharaidh a th’ ann.

‘S e bana-phoileas a th’ innte gun
teagamh.”

An dèidh sin stad an t-einnsean-smàlaidh
aig an sgoil agus leum fear-smàlaidh a-mach.

“Seall!” dh’èigh a’ chlann uile.


“S e athair Bharaidh a th’ ann.

‘S e smàladair a th’ ann gun teagamh.”



Ruith athair agus mhàthair Bharaidh
a-steach dhan sgoil. Thill iad a-mach ann
an greiseag agus thòisich iad a' bruidhinn ri
Mgr MacIlleDhuinn. Bha iad a' coimhead
crosta.

“A Bharaidh Bèicear!” dh’èigh
Mgr MacIlleDhuinn. “Thig thusa a-nall an
seo, mas e do thoil e.”



Bha e ann an TRIOBLAID MHÒR a-nis.

“An tua a chuir dheth na clagan?”
dh’fhaighnich Mgr MacIlleDhuinn.
“S mi,” arsa Baraidh Bèicear.

“Tha mi duilich. Bha mi airson gun
creideadh a h-uile duine gur e bana-
phoileas a tha nam mhàthair agus gur e
fear-smàlaidh a tha nam athair. Cha
chreideadh duine mi!”

“Uill, creididh a-nis,” ars a mhàthair agus
athair. “Ach na dèan siud gu sìorraidh
tuilleadh!

An latha ud bha cabhag air caraidean
 Bhàraidh faighinn dhachaigh às an sgoil.
 Bha iad airson innse gur e bana-phoileas
 a bha ann am màthair Bhàraidh Bèicear
 agus fear-smàlaidh na athair.
 Cha diochuimhnicheadh duine siud gu bràth!



24

Foiltsichearan Foghlaim Heinemann
 Halley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ
 earrann de Fheàghlam agus Foillseachadh Profeiseanta Reed Earr.

OXFORD MELBOURNE AUCKLAND
 IBADAN JOHANNESBURG BLANTYRE GABORONE
 PORTSMOUTH NH (USA) CHICAGO

© Gill agus Paul Hamlyn 1997

A' chìad fhoillseachadh 1997
 A' chìad fhoillseachadh sa Ghàidhlig 2005

A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

2005, 2004, 2003
 10 9 8 7

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Úghdarrasan a tha riochdaichte
 air MRG. Na còraichean uile glèidhde. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo
 ath-riochdachadh an cruth sam bith no an dòigh sam bith gun chead ro-làimh bho
 Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair.

Data Catalogadh ann am Foillseachadh an Leabharlann Bhreatann
 Gheibhean clàr-catalogaidh airson an leabhair seo bho Leabharlann Bhreatann.

Tha Gill agus Paul Hamlyn a' dleasadh còir mhoralta airson a bhith air an comharrachadh
 mar üghdaran na h-obrach seo.

Clò-bhuailte le Scotprint, Haddington.

LAGE/ISBN 0 86152 679 1